

Siostam nan cinnidhean agus mar a chaidh e à bith

Bha na Gàidheil a' cumail ri **siostam nan cinnidhean**, a bha air a bhith a' dol fad ceudan bhliadhnachan. Bha an **cinneadh** air a **riaghladh** le aon teaghlach agus bhiodh an **ceann-cinnidh** air a thaghadh bhon teaghlach sin. Bhiodh an **luchd-dàimh** agus muinntir a' **chinnidh** a' fuireach còmhla ann am bailtean **tuathanachais**. B' ann leis a' **chinneadh** a bha am fearann agus cha b' ann leis na daoine fa leth. Bhiodh an ceann-cinnidh a' riaghladh an fhearainn, ach dìreach às leth a' **chinnidh**. Bhiodh **fir-taca** a' gabhail fearann air **mhàl** bhon **cheann-cinnidh** agus ga chur a-mach air **mhàl** gu tuathanaich **ghabhaltais**, agus bhiodh iadsan a' **fastadh choitearan** a chuidicheadh le bhith ga **àiteach**.



Bha dùil gun toireadh fir seirbheis armailteach don cheann-cinnidh.

Bha **dilseachd** phearsanta aca don **cheann-cinnidh**. Bha na **fir** sin an crochadh gu ìre air na gheibheadh iad bho bhith a' **creachadh** chinnidhean a bha faisg orra gus **bith-beò** a dhèanamh.

Tha am facal Clan no clann air a thuigsinn ann an iomadach dùthaich mar bhuidheann dhaoine a tha air an cumail ri chèile le dàimh no ceangal sònraichte.

Tha **tùs** cinnteach Albannach air an fhacal clan. Tha am facal Gàidhlig, clann, a' sealltainn cho faisg 's a bha an **dàimh** eadar an **ceann-cinnidh** agus muinntir a' **chinnidh**. Feumar cuimhneachadh ge-tà nach robh a h-uile duine san aon **chinneadh** càirdeach dha chèile.

Caisteal Dhùn Bheagan



Tha eachdraidh
shònraichte fa leth
aig gach **cinneadh**.

Tha ainmean nan
cinnidhean air
caistealan, air batail
agus air fearann

dualchasach. An-diugh faodar mòran **chinnidhean** a cheangal ri pàirt
shònraichte de dh'Alba, mar eisimpleir MacLeòid Dhùn Bheagan, MacNèill
Bharraigh no Mac an Aba Naoimh Fhaolain air Loch Èireann.

**Gu h-eachdraidheil bha an dàimh eadar an ceann-cinnidh
agus muinntir a' chinnidh gu math faisg.**

Thòisich **fiùdalachd** a' briseadh na **dàimh** sin leis gun robh
gnothaichean air an cur air dòigh eadar **uachdarain** phrìobhaideach
agus **màladairean** a bha fodhpa. Chaidh an **dàimh** a bhriseadh
barrachd nuair a thòisich **uachdarain** a' cur dhaoine a-mach às na
dachraighean **dualchasach** aca aig àm nam **Fuadaichean** oir bha iad
airson airgead a dhèanamh bho bhith a' cur chaorach air an **fhearann** a
chaidh **fhalmhachadh**. Air sgàth nam **Fuadaichean** rinn mòran dhaoine
eilthireachd.

Bha na **cinnidhean** air an aithneachadh bho chèile le baidsean nam
bonaidean. Bhiodh fraoch aig Clann Dòmhnail, giuthas aig na Granndaich,
agus cuileann aig Clann an Tòisich.

fraoch



giuthas



cuileann

